

## Cuimhneachain Nan Gaisgeach

### Gaisgich Na Croitearachd

O chionn ceud bliadhna air ais bha e feumail gu robh gaisgich ann an Leodhas agus an aitean eile a bha deiseil agus deònach seasamh gus an còirichean a mhealtainn an aghaidh geur leanmhainn agus foirneist nan uachdaran. Choisinn seo saorsa dhuinne an diugh nach fhaod sinn a dhearmad, agus gus nach tèid a curaidhean a shabaid cho diorrasach agus cho eagnaigh as ar leth air dhi-chuimhne chaidh am buidheanan 'Cuimhneachan Nan Gaisgeach' a chuir air chois bho stùireadh Aoghnais Mhicleoid a rinn moran a dheanaibh airson croitearachd.

### Bearnaraigh

Thoisich an aimhreit an toiseach ann am Bearnaraigh ann an 1814 nuair a thuig na croitearan ionnsaigh air an earraid Cailean MacIllinnean agus air a mhaor fearainn Seumas MacRath - agus is iad a bha airidh air! Rinn an aramach a bha se feum mhòr do chuis na croitearan.

### Creach Na Pairc

Ann an 1881 chaidh croitearan nan Loch don Phàirc an dèidh dhaibh rabhadh a thoirt do Iosaph Platt aig an robh a' Phàirc air màl, an latha san uair a bha iad a dol ais toir nam fiadh. Chaidh gu math leis na creachadairean ach chaidh sianar duine luchd feadhna a thoirt gu cuirt ann an Dun Eideann. Thuaras iad neo-chiontach de gach casaid a bha nan aghaidh.

### Aiginis

Ann an 1888 bha aimhreit ann an Aiginis oir bha geur-leanmhainn agus sàrachadh dhaoine ann an sin cuideachd. Se an trusdair an Seumarlán Rothach a bun aobhar don seo.

### Briseadh Tuath

An deidh a cheud chogaidh mhòir thainig balaich air ais an dùil gum faigheadh iad fearann gu leòr mar a gheall Lloyd George dhaibh. Ach cha b'e sin a thachair agus ghabh cuid dhiubh coir air tuath Ghriais. Chuir seo an coach air a Mhorair Leverhulme a bha ag iarraidh na talmhainn dha fhein.

Se a' cheud rud a tha fa chomhair 'Cuimhneachain Nan Gaisgeach' cairntean a thogail anns na ceithir àitean anns an robh an aimhreit. Cuideachd thathas an diùl anns an àite freagarrach deilbheadh mineachaidh iomchaidh a staidheachadh far am bi eachdraidh an eilein air a foillseachadh gu cumbhalach. Gheibheadh luchd- turuis moran tlachd as an seo agus bhiodh sinn an dòchas gun cuiridh na sgoiltean uidh an gus na h-oileanaich a theagaisg ann an dòigh beatha ar sinnsearachd.

Feumaidh 'Cuimhneachain Nan Gaisgeach' mòran taic agus cuideachaidh mus toir iad gu buil na tha aca san amharc. Gheibh neach tuilleadh fiosrachaidh no ma tha iarratas aig neach a bhi na bhall de'n chomunn seo.

Cuireas feum air mòran airgid airson gum coimhlionas an obair a tha sinn an diùl a dhèanamh. Mar tha sibh deònach air taic airgid a thoirt seachad.